

22 Gearran 2022

A phàrtaint/neach-cùraim chòir,

Tha Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh an-dràsta a' tadhal air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne air feadh na h-Alba. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh an dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh air Sgoil is Sgoil-àraich Thunga¹, thuir sinn gum biodh sinn a' conaltradh ris an sgoil gus cunntas a thoirt air adhartas. O chionn ghoirid, rinn sinn conaltradh le luchd-obrach agus leis an ùghdarras ionadail agus thadhail sinn air Sgoil is Sgoil-àraich Thunga. Chuidich ar com-pàirteachadh sinn gus tuilleadh ionnsachadh air mar chaidh taic a thoirt do chlann agus an teaghlaichean tron ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu mhodhan-obrach a bha ag obair gu math gus taic a chumail ri slàinte is sunnd, ionnsachadh is adhartas na cloinne. Bheachdaich sinn, còmhla ris a' cheannard agus ri oifigear an ùghdarras ionadail, air adhartas na sgoile ann a bhith a' toirt air adhart na molaidhean bhon sgrùdadh thùsail againn.

Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn nuair a thadhail sinn.

A' toirt taic do chlann, daoine òga agus teaghlaichean tro COVID-19

Tha an ceannard-sgoile agus luchd-obrach a' faireachadh gu bheil iad a' faighinn taic fìor mhath bhon ùghdarras ionadail ann a bhith a' stèidheachadh ullachadh airson leantainn air adhart ag ionnsachadh tro chuingealachaidhean COVID-19. Chuireadh fàilte air ath-mhisneachadh nan oifigearan ùghdarras ionadail air stiùireadh agus pròtacalan a chur an gnìomh airson a' ghalair mhòr-sgaoilte. Tha an ceannard-sgoile agus luchd-obrach air leasachaidhean deimhinn a thoirt air aghaidh gus taic a chumail ri slàinte is sunnd na cloinne. Tha clann air aire, cùram is conaltradh cunbhalach fhaighinn bho luchd-obrach rè amannan glasaigh. Mar thoradh air seo, tha clann gu mòr an sàs ann an ionnsachadh tro chleachdadh teicneòlas didseatach agus, mar is iomchaidh, nuair a tha iad a' frithealadh ionadan ionnsachaidh ainmichte.

Tro amannan glasaigh, thug luchd-obrach seachad raon de ghnìomhan ionnsachaidh do chlann is theaghlaichean tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Rinn iad cinnteach gum faigheadh clann cothrom air ionnsachadh le bhith a' toirt seachad goireasan pàipeir agus innealan didseatach. Bha luchd-teagaisg a' cleachdadh teicneòlas didseatach gus clann a theagasg. Bha seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair còmhla ri clann fa leth agus buidhnean beaga chloinne le taic gus taic nas pearsanta a thoirt seachad. Bha seiseanan làitheil aig luchd-teagaisg ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig gus clann a chuideachadh a taobh fileantachd sa chànan. Thug iad seachad cuideachd taic luachmhor a bharrachd do phàrantan aig nach robh a' Ghàidhlig. Bha seo a' brosnachadh misneachd phàrantan ann an taic a chumail ris a' phàiste aca rè an ama de dh'ionnsachadh aig astar. Fhuair a' chlann uile buannachd bho sheiseanan gach seachdain leis an uidheam didseatach, e-Sgoil. Chuir na seiseanan seo raon de shuidheachaidhean brosnachail air adhart anns an robhar ag ionnsachadh taobh a-staigh agus a-muigh, a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' dèanamh cheanglaichean ri cultar, dualchas, agus ceòl na Gàidhlig.

Ghabh clann san sgoil-àraich pàirt ann an seiseanan sgeulachd, a' gabhail òrain, litearrachd, àireamhachd agus gnìomhan-fuine. Bho chionn tilleadh dhan sgoil-àraich, tha luchd-obrach

a' cumail dàimhean taiceil suas le pàrantan. Bidh iad a' coinneachadh riutha 's a' cur fàilte orra taobh a-muigh aig toiseach is deireadh an latha.

Bha luchd-obrach gu cunbhalach a' cur inneal didseatach gu feum gus conaltradh ri pàrantan, sùil a thoirt air adhartas chloinne ann an ionnsachadh agus soirbheasan chloinne a sgaoileadh. Fhuair pàrantan gun do chuidich am modh-obrach seo iad gus còmhraidhean brìoghmhor a bhith aca leis an cloinn mu ionnsachadh. Bha pàrantan an fheadhainn ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' faireachadh gun tug seo brosnachadh do chlann ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh. An dèidh tilleadh dhan sgoil, tha luchd-obrach a' cumail a' mhodh-obrach dhidseatach seo suas mar phàirt de bhith a' togail air na bha ag obair gu math tron ghlasadh.

Adhartas le molaidhean bhon sgrùdadh mu dheireadh

Tha an ceannard-sgoile agus luchd-obrach a' leantainn orra ag adhartachadh atharrachadh ceumnaichte gus an sgoil a leasachadh. Tha iad air seo a dhèanamh agus iad a' toirt a-steach luchd-obrach ùr dhan sgoil. Tha an ceannard-sgoile air an àireamh de dhòighean bhon taobh a-muigh a mheudachadh airson soirbheasan na sgoile a thomhas is aithneachadh tro dhuaisean barantachaidh. Mar eisimpleir, Sgoil le Meas air Chòraichean.

Tha àrd-shealladh math aig luchd-obrach de dh'fheumalachdan ionnsachaidh chloinne, a tha iad a' cleachdadh gus an curraicealam a dhealbhadh. Tha fòcas soilleir air a bhith aig luchd-teagaisg air sgilean litearrachd is àireamhachd a leasachadh tro mheadhan na Gàidhlig 's a' Bheurla. Tha a' bhuidheann Ghàidhlig, Comann na Gàidhlig, a' toirt seachad taic an dèidh na sgoile do chlann ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha luchd-teagaisg air raon de mheasaidhean a chleachdadh a bhios a' sealltainn gu bheil clann a' dèanamh deagh adhartais anns an ionnsachadh. Tha luchd-obrach cuideachd a' faighinn buannachd bho shlighean curraicealaim a tha nas soilleire air adhartas na cloinne ann an eòlas, sgilean agus tuigse mar a ghluaiseas iad tron sgoil.

Anns an sgoil-àraich, tha an ceannard-sgoile agus luchd-cleachdaidh air atharrachaidhean deimhinn a dhèanamh air an dòigh a nì iad dealbhadh airson ionnsachadh chloinne. Tha ùidhean is ro-ionnsachadh chloinne a' tòiseachadh air fios a thoirt do dh'eòlasan, àiteachan agus eadar-obrachaidhean. Tha cothromachadh math de ghnìomhan làn-bhogaidh a th' air an stiùireadh le inbhich aig an fheadhainn ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha misneachd chloinne ann a bhith a' bruidhinn agus a' seinn na Gàidhlig ann an suidheachaidhean sòisealta agus gnàth-chùrsaichean a' dol am meud. Bidh luchd-cleachdaidh a' dol an sàs gu math le clann tro àm cluiche bogaidh. Bidh iad a' toirt seachad aithris bheartach sa Ghàidhlig, fhad 's a bhrosnaicheas iad iongantais na cloinne. Tha clann a tha ag ionnsachadh tron Bheurla agus tron Ghàidhlig a' meudachadh an raon ionnsachaidh tro chluich, rannsachadh agus a' gabhail chunnartan taobh a-muigh. Bidh iad a' dèanamh seo le eòlas chom-pàirtichean. Tha an ceannard-sgoile air stiùireadh soilleir a thoirt seachad airson leasachadh na sgoil-àraich. Tha i air poileasaidhean gu math feumail a chur ri chèile air am bi an luchd-obrach a' toirt sùil.

Tha an ceannard-sgoile a' leantainn le bhith a' brosnachadh tro eisimpleir agus i a' cleachdadh na Gàidhlig sgrìobhte is labhairte. Tha na h-àireamhan ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig a' fàs. Tha barrachd brìgh a-nis aig ionnsachadh Gàidhlig chloinne mar chànan a bharrachd anns na clasaichean meadhan na Beurla. Bidh an t-ionnsachadh seo a'

tòiseachadh anns an sgoil-àraich tro òrain agus abairtean coitcheann. Bidh neach-teagaisg seinn a' toirt seachad dimeinsean beartach gus cur ris a' churraicealam. Bidh luchd-obrach a' cleachdadh thachartasan leithid Là na Gàidhligⁱⁱ gus clann a chuideachadh ann a bhith nas mothachaile air na buannachdan a bheir ionnsachadh na Gàidhlig dhaibh.

Dè thachras a-nis?

Mar a thuigear, tha an sgoil air a bhith a' freagairt ris na dùbhlain a thàinig bhon ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Bha buaidh shònraichte aig seo air obair na sgoile. Tha luchd-obrach a' cur phlanaichean an gnìomh gus taic a thoirt do ath-bhuannachd. Tha luchd-obrach a' coinneachadh ris na molaidhean bhon bhun-sgrùdadh gu soirbheachail. Mar sin, cha dèan sinn tadhalan a bharrachd air an sgoil ann an ceangal leis a' bhun-sgrùdadh. Bidh Comhairle nan Eilean Siar a' cumail orra a' toirt fios do phàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean àbhaisteach aca airson aithris air càileachd na seirbheis foghlaim aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

ⁱ 'S e sgoil-àraich am briathar Gàidhlig a thathar a' cleachdadh airson suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne. Anns an sgoil seo, thathar a' cleachdadh a' bhriathair gus solar tron Ghàidhlig is Bheurla a ghabhail a-steach.

ⁱⁱ Tha Là na Gàidhlig a' comharradh Gàidhlig - *Gaelic Day*.